

Semester 2 2012/13  
**BA Cànan Is Cultar**

---

Tiotal a' Mhodail:	SGOILEARACHD IS EILTHIREACHD NAN GÀIDHEAL	2
Còd a' Mhodail:	UQ508499	
Là agus Ceann-là	Diardaoin 16:05:13	
Uair is Ùine	13.30-15.30 (dà uair a thìde)	

'S fhiach an deuchainn seo 40% de na comharran a ghabhas faighinn gu h-iomlan sa mhodail.

**Fiosrachadh:**

Tha faclairean ceadaichte airson na deuchainn seo, ach chan eil teacsannan sam bith eile.

Gheibhear còig mionaidean airson na ceistean a leughadh mus tòisich an deuchainn. Chan fhaodar càil a sgrìobhadh sna còig mionaidean seo.

Feumaidh tu peann dubh no gorm a chleachdad (far a bheil e iomchaidh, faodar dealbhan a dhèanamh le peansail).

Na sgrìobh ach air aon taobh den duilleig.

Tha deich ceistean san deuchainn seo. Feumaidh tu dà cheist a fhreagairt a-mach às na deich ceistean seo. Cha bu chòir dhut sgrìobhadh gu mionaideach mu dheidhinn rud air an do sgrìobh thu cheana anns an aiste no san taisbeanadh agad, ach faodaidh tu iomradh goirid a dhèanamh orra mas iomchaidh.

Cuir an àireamh oileanach agad, agus ainm an ionaid-mheasaidh a-mhàin aig mullach gach leabhar-freagairt. Na cuir d' ainm air gin de na duilleagan.

Cuir loidhne tro notaichean nach eil thu ag iarraidh a bhith air an cunntadh.

---

Bu chòir dhut DÀ CHEIST a fhreagairt.

Cha bu chòir dhut sgrìobhadh gu mionaideach mu dheidhinn rud air an do sgrìobh thu cheana anns an aiste no san taisbeanadh agad, ach faodaidh tu iomradh goirid a dhèanamh orra mas iomchaidh.

1. Carson a chanar gu bheil freumhan nam manachainnean Gàidhealach a' dol air ais dhan Èiphit?
2. Thoir dealbh seachad air beatha agus obair Choluim Chille **NO** Adhamhnáin **NO** Columbanus.
3. Ciamar a tha na h-*Immrama* a' cur ris an eòlas a tha againn air creideamh agus air cleachdaidhean nam manach is nam páganach Gàidhealach?
4. Dè an fhianais a tha againn gu robh na Gàidheil a' tadhail air àiteachan ann an ceann a tuath a' Chuain Siar ro linn nan Lochlannach?
5. Carson a chàin Alfred Smyth luchd eachdraidh airson a bhith a' coimhead air na *papar* an Innis Tile mar "demographic cul-de-sac"?
6. Sgriobh aiste mu *peregrinatio pro Christo* air muir agus air tìr mar chleachdadhbh nam manach Gàidhealach.
7. Dè a' bhuaidh a bha aig na *Peregrini Scoti* air cultar na Roinn Eòrpa?
8. Cha deach na naoimh Ghàidhealach a sgrùdadadh gu ceart gus an seachdamh linn deug. Dè bha air chùl na h-iomairt seo?
9. Mìnich cò no dè a bha ann an CÒIG de na leanas:

Pachomius, Naomh Athanasius, Cùl Drebene, Blathmac,  
Liber de Mensura Orbis Terrae, Lief Eriksson, Càin Adomnain,  
Markland, Virgil, Na Bollandaich.
10. "A' Ghàidhealtachd: àite iomallach air oir na Roinn Eòrpa".  
Ciamar a bheir an càrsa seo, Sgoilearachd is Eilthireachd nan Gàidheal, dùbhlann dhan bharail seo?